



PÒSADH AN ALBA

(NOT-
AICHEAN)
ri Foirm
M10

NOTAICHEAN STIÙIRIDH GUS CUIDEACHADH LE LÌONADH AN FHOIRM-IARRTAIS AIRSON RABHADH PÒSAIDH M10

(Chan eil na notaichean seo nam pàirt de foirm M10 òrdaichte fo Achd Pòsaidh (Alba) 1977)

Ma tha thu am beachd pòsadh an Alba, leugh na notaichean seo gu faiceallach.

NOTA 1 - CIAMAR AGUS CUIN A BHEIREAR RABHADH.

Gus cuideachadh le lionadh Earrann A1.

Lìon a-steach an ceann-là pòsaidh san amharc aig A1. Cuimhnich fon lagh gum feum gach pàirtiche ann am pòsadh creidmheach no catharra san amharc foirmean rabhadh-pòsaidh a chur gu neach-clàraidh na sgìre sam bi am pòsadh a' gabhail àite, ag innse don neach-clàraidh gu bheil iad am beachd pòsadh. Tha seo a' ciallachadh gum feum gach pàirtiche a bhith mothachail air a' phòsadh san amharc agus gach pàirtiche fa leth an dearbhadh air an fhoirm rabhadh-pòsaidh a lionadh agus a shoighneadh. Mur toirear rabhadh iomchaidh dh'fhaodadh e am pòsadh a chumail air ais no gun a dhol air adhart. Feumar rabhadh a thoirt taobh a-staigh nan trì mìosan ron cheann-là pòsaidh agus **GUN A BHITH NAS FHAIDE NA 15 LÀITHEAN RO CHEANN-LÀ A' PHÒSAIDH.**

Tha an t-àm cudromach. Feumaidh sibh na rabhaidhean a chur a-steach tràth gu leòr gus am faigh an neach-clàraidh air dèanamh cinnteach gu bheil sibh saor airson a bhith pòstadh ri chèile. Sa chumantas bu chòir rabhaidhean a bhith ann an làmhnan an neach-clàraidh timcheall air CEITHIR seachdainean ron phòsadh ach ma bha aon phàirtiche pòsta no ann an Com-pàirteachas Catharra roimhe, bu chòir na rabhaidhean a bhith aig an neach-clàraidh SIA seachdainean ro-làimh. **'S e an ùine as lugha 15 làithean ron cheann-là pòsaidh san amharc, ach ma dh'fhàgas sibh e cho fada ri seo 's dòcha gum feumar dàil a chur sa phòsadh agaibh.** Cha toir an t-Àrd-neach-clàraidh ùghdarras airson pòsadh a dhol air adhart às aonais rabhadh 15 làithean.

Mas e seirbheis creidmheach a bhios agaibh cuir fios chun a' phearsa **creidmheach** a tha a' dol a ghabhail na seirbheis mus lìon sibh an rabhadh-pòsaidh. Airson pòsadh **catharra** dèan ullachadh ro-làimh leis an neach-clàraidh. Tha seo gu sònraichte cudromach ma tha am pòsadh gu bhith ann an oifis clàraidh no ann an àite air a cheadachadh leis a' Chomhairle ionadail ann am bailtean agus cathair-bhailtean, far am faodadh àireamhan mòra de dhaoine a bhith ag iarraidh pòsadh aig amannan àraidh den bhliadhna.

Ged nach fheum gach pàirtiche fa leth a dhol gu oifis an neach-clàraidh airson an rabhadh-pòsaidh a chur a-steach, 's dòcha gun tèid iarraidh air co-dhiù aon phàirtiche tadhal innte gu pearsanta ron cheann-là pòsaidh. Feumaidh sibh, airson pòsadh **creidmheach**, an Clàr Pòsaidh a thogail (faic 8 agus 9 gu h-ìosal) no, airson pòsadh **catharra**, gus an ullachadh leis an neach-clàraidh a chrìochnachadh. Feumar frithealadh pearsanta aig an ìre seo oir feumaidh an neach-clàraidh tuilleadh fiosrachaidh mus fhaod am pòsadh a dhol air adhart. Bu chòir dhuibh aire a thoirt mur eil am foirm rabhadh pòsaidh agaibh ga dhèanamh soilleir 's dòcha gum faighnich an neach-clàraidh an robh do phàrantan pòsta ri chèile. Tha seo gus am faigh luchd-clàraidh air sloinneadh do mhàthar mus do phòs i a chur san àite iomchaidh anns a' Clàr Pòsaidh agad.

Nuair a bheir thu rabhadh feumaidh tu dearbhadh a shoighneadh ag ràdh gu bheil am fiosrachadh a thug thu air an rabhadh ceart. **Mar dhion an-aghaidh pòsaidh agus/no Com-pàirteachas Catharra aig an aon àm bidh an t-Àrd-neach-clàraidh ag iarraidh dearbhadh eile air an fhiosrachadh.** Na dèan dàil a' toirt rabhadh dìreach ma thu

a' feitheamh gus am faigh thu gin sam bith de na sgrìobhainnean air an ainmeachadh aig Nota 7. Ma bhios e a' tighinn faisg air an àm tha e nas fheàrr rabhadh a thoirt an-toiseach agus na sgrìobhainnean a chur chun an neach-clàraidh nuair a gheibh thu iad; ach feumaidh iad a bhith aig an neach-clàraidh ron phòsadh. Cho fad 's a tha na sgrìobhainnean ann an òrdugh faodaidh am pòsadh a dhol air adhart.

NOTA 2 - ÀITE PÒSADH.

Gus cuideachadh le lionadh Earrann A2.

Feumaidh gach pàirtiche rabhadh-pòsaidh a chur a-steach, còmhla ri na sgrìobhainnean a dh'fheumar (faic gu h-ìosal) agus an suim iomchaidh, chun an **neach-clàraidh airson na sgìre sam bi am pòsadh a' gabhail àite.**

Gheibh thu foirmean rabhadh-pòsaidh, agus fiosrachadh mu na chosgais am pòsadh, bho Neach-clàraidh Breith, Bàis agus Pòsaidh an Alba. Gheibh thu seòladh an neach-clàraidh ionadail bhon leabhar-fòn no làrach-lìn GROS.

NOTA 3 - INBHE

Gus cuideachadh le lionadh Earrann B.

Faodaidh dithis sam bith, ge b' e air bith càit a bheil iad a' fuireach, pòsadh an Alba fhad 's :

- a tha gach duine co-dhiù 16 bliadhna a dh'aois air an latha-pòsaidh aca
- nach eil iad càirdeach dha chèile ann an dòigh a chuireadh stad air a' phòsadh aca (faic an liosta aig deireadh bileag Pòsadh an Alba)
- a tha an dithis gun phòsadh no gun a bhith clàraichte a-cheana mar Chom-pàirtiche Catharra (feumaidh neach sam bith a bha pòsta roimhe no clàraichte mar Chom-pàirtiche Catharra pàipearan a shealltainn a' dearbhadh gun tàinig am pòsadh no an Com-pàirteachas Catharra roimhe gu crìch tro bhàs, sgaradh-pòsaidh, neonitheachadh no sgoileadh.
- nach eil iad den aon ghnè
- a tha iad comasach air tuigsinn dè th' ann an seirbheis pòsaidh agus air aontachadh ris a' phòsadh
- a bhiodh am pòsadh air a mheas dligheach ann an dùthaich cèin sam bith dham buin gin de na pàirtichean

NOTA 4 - ÀITE-CÒMHNAIDH

Gus cuideachadh le lionadh Earrannan B10, B12 agus F25.

MA THA THU A' FUIREACH AN SASANN NO SA CHUIMRIGH

An àite rabhadh a thoirt do neach-clàraidh an Alba san dòigh àbhaisteach, ma tha thu am beachd pòsadh *an dara cuid neach a tha a' fuireach an Alba no neach a tha a' fuireach an Sasann no sa Chuimrigh aig a bheil pàrant a' fuireach an Alba*, faodaidh tu rabhadh-pòsaidh a thoirt don neach-clàraidh stiùiridh anns an sgìre an Sasann no sa Chuimrigh anns a bheil thu a' fuireach. Ach, bu chòir don neach a tha thu a' pòsadh rabhadh a thoirt an Alba anns an dòigh àbhaisteach. Bu chòir dhut comhairle iarraidh air an neach-clàraidh stiùiridh ma tha thu airson seo a dhèanamh. Bu chòir dhut an teisteanas airson pòsadh a fhuair thu bhon neach-clàraidh stiùiridh a chur chun an neach-clàraidh an Alba cho luath 's a ghabhas.

MA THA DO DHACHAIGH TAOBH A-MUIGH NA RA

Feumaidh tu leantainn a' mhodh ghnàthach a' toirt rabhadh don neach-clàraidh an Alba ach 's dòcha gum feum thu pàipearan a bharrachd a shealltainn. Ma tha do dhachaigh ann an dùthaich eile taobh a-muigh na Rìoghachd Aonaichte bu chòir dhut **teisteanas neo-bhacadh air pòsadh** a shealltainn. Faic nota 7.

Mur eil thu cinnteach dè tha air iarraidh ort, no ma dh'fheumas tu tuilleadh fiosrachaidh, bu chòir dhut comhairle a chur ris an neach-clàraidh no sgrìobhadh gu Oifis Choitcheann a' Chlàraidh aig an t-seòladh aig deireadh nan notaichean seo.

NOTA 5 – AM PEARSA

Gus cuideachadh le lionadh Earrann E.

Faodaidh tu pòsadh ann an aon de dhà dhòigh an Alba – tro sheirbheis **chreidmheach** no tro sheirbheis **chatharra**. Chan fhaod pòsadh creidmheach, Criostaidh no neo-Chriostaidh, a bhith air a shòlamachadh ach a-mhàin le pearsa creidmheach le ùghdarras sin a dhèanamh fo Achd Pòsaidh (Alba) 1977. Chan fhaod pòsadh catharra a bhith air a shòlamachadh ach a-mhàin le neach-clàraidh no iar-neach-clàraidh a fhuair cead bhon Àrd-neach-clàraidh sin a dhèanamh.

NOTA 6 – PÀIRTICHE EILE SA PHÒSADH

Gus cuideachadh le lionadh Earrann F.

Feumaidh an dithis agaibh rabhadh-pòsaidh a lionadh a bhios air a chur chun an neach-clàraidh.

NOTA 7 – SGRÌOBHAINNEAN A DH'FHEUMAS TU A SHEALLTAINN. Gus cuideachadh le lionadh Earrann G.

Nuair a bhios tu a' toirt no a' cur nam foirmean rabhadh-pòsaidh chun an neach-clàraidh feumaidh an dithis agaibh na sgrìobhainnean a leanas a shealltainn:

G26 Ur theisteanas **breith** fìor. Cha ghabhar ri lethbhreac neo-ùghdarrichte. Mur urrainn dhut do theisteanas breith a shealltainn, innis an t-adhbhar.

G27 Ma bha thu pòsta no ann an Com-pàirteachas Catharra roimhe agus gun do chrìochnaich am pòsadh no an Com-pàirteachas Catharra ann an sgaradh-pòsaidh, neonitheachadh no sgaoileadh, teisteanas **sgaradh-pòsaidh no neonitheachadh no lethbhreac òrdugh barrantaichte no òrdugh sgaoilidh**. Feumaidh òrdugh sgaradh-pòsaidh a fhuair a' chur air taobh a-muigh na h-Alba a bhith iomlan no crìochnaichte - cha ghabhar ri decree nisi. Ma bha thu pòsta no ann an Com-pàirteachas Catharra barrachd air aon uair, chan fheumar ach an sgrìobhainn co-cheangailte ri crìoch a chur air a' phòsadh no an Com-pàirteachas Catharra mu dheireadh. Mur urrainn dhut an t-òrdugh sgaradh-pòsaidh, neonitheachadh no sgaoileadh oifigeil a shealltainn, innis carson nach urrainn. Feumaidh an neach-clàraidh dearbhadh air crìochnachadh a' phòsaidh no Com-pàirteachas Catharra san robh thu roimhe.

G28 Ma tha an cèile no an Com-pàirtiche Catharra a bha agad roimhe air bàsachadh, **teisteanas bàis** a' chèile no Com-pàirtiche Catharra roimhe. Mur urrainn dhut teisteanas bàis do chèile no Com-pàirtiche Catharra a bh' agad roimhe a shealltainn, innis carson nach

urrainn. Feumaidh an neach-clàraidh dearbhadh air a' bhàs.

G29 Ma tha do dhachaigh ann an dùthaich eile, taobh a-muigh na Rìoghachd Aonaichte, bu chòir dhut **teisteanas neo-bhacadh air pòsadh** a shealltainn, bhon ùghdarras iomchaidh an sin, ag innse gu bheil thu saor airson pòsadh. Bidh a' chuid as motha de dhùthchannan Eòrpach a' toirt seachd teisteanasan neo-bhacaidh ach 's dòcha nach dèan dùthchannan eile sin. Ma tha adhbhar sam bith nach urrainn dhut an teisteanas sin a chur ann, innis an t-adhbhar. Ach ma tha thu a' fuireach san RA a-nis agus air a bhith a' fuireach an seo airson 2 bhliadhna no barrachd cha leig thu leas an teisteanas sin a chur a-steach, ach bu chòir dhut innse dè cho fada 's a tha thu air a bhith a' còmhnaidh san RA.

Ma tha sgrìobhainn ann an cànan eile seach Beurla, feumaidh tu eadar-theangachadh barrantaichte gu Beurla a shealltainn cuideachd.

NOTA 8 – CLÀR PÒSAIDH

Nuair a tha an neach-clàraidh riarichte nach eil gearan laghail ris a' phòsadh, ullachidh e/i Clàr Pòsaidh bhon fhiosrachadh a thug thu. 'S e sgrìobhainn fìor chudromach a tha anns a' Chlàr – **chan urrainn do phòsadh sam bith a dhol air adhart às aonais**.

Ma tha pòsadh creidmheach gu bhith agad bheir an neach-clàraidh an Clàr Pòsaidh dhut. Chan urrainn don neach-clàraidh an Clàr a thoirt dhut barrachd air seachd làithean ron phòsadh agus innsidh e dhut cuin a thig thu ga thogail. **Chan fhaod neach a tha càirdeach dhut no caraid an Clàr a thogail às do leth – bheir an neach-clàraidh e a-mhàin don fhear no don tè a tha am beachd pòsaidh.**

Feumaidh an Clàr Pòsaidh a bhith air a shealltainn ron t-seirbheis pòsaidh don neach a tha a' sòlamachadh a' phòsaidh.

Cho luath 's a bhios an t-seirbheis seachad feumaidh gach cèile, an neach a tha a' sòlamachadh a' phòsaidh agus an dà fhianais an Clàr a shoighneadh. Leis gur e sgrìobhainn maireannach a tha sa Chlàr feumar inc dubh buan a chleachdadh nuair a thatar ga shoighneadh – **cha bu chòir** peann *ball-point* a chleachdadh. An dèidh sin feumaidh sibh ullachadh a dhèanamh a **thilleadh chun an neach-clàraidh taobh a-staigh trì latha** gus am faighear air a' phòsadh a chlàradh.

Ma tha pòsadh catharra gu bhith agad cha chuir an neach-clàraidh an Clàr Pòsaidh thugad ro-làimh, ach bidh e ga thoirt chun an t-seirbheis pòsaidh airson ainmean-sgrìobhte a chur ris, agus a' clàradh a' phòsaidh an dèidh sin.

Bidh suim airgid ri phàigheadh don neach-clàraidh ro-làimh, airson a' Phòsaidh agus, ma bhios sin iomchaidh, airson neach-clàraidh barrantaichte a bhith ann an àite ceadaichte.

NOTA 9

Dèan cinnteach gun innis thu don phearsa-eaglais no don neach-clàraidh ma dh'atharraicheas sibh ur planaichean no ma cho-dhùineas sibh ur Pòsadh a chur dheth.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho neach-clàraidh breith, bàis agus pòsaidh ionadail sam bith - no Earrann Pòsaidh/Com-pàirteachais Catharra, Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba, Taigh Ùr a' Chlàraidh, Dùn Èideann EH1 3YT. Fòn: +44 (0)131-314 4447.

Post-dealain: marriage@gro-scotland.gsi.gov.uk.

NOTA:- Bu chòir foirmean agus sgrìobhainnean a chur chun an neach-clàraidh anns an sgìre sam bi am pòsadh a tha san amharc a' gabhail àite agus chan ann gu Earrann Pòsaidh/Com-pàirteachais Catharra, Taigh Ùr a' Chlàraidh.